

Bòrd na Gàidhlig: Aithisg Dearcnachaidh

Tha earrann 6(2) de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 ag ràdh gum faod Bòrd na Gàidhlig iarraidh air ùghdarras poblach aithisg a chur dhan Bhòrd air mar a tha e a' coileanadh nan gealltanasan anns a' Phlana Ghàidhlig aige.

Bu chòir an aithisg dearcnachaidh seo a bhith ag innse mu adhartas le:

- Gealltanasan aig a bheil clàr-ama coileanadh airson gach bliadhna aithris
- Fios air adhartas le gealltanasan aig a bheil clàr-ama leantainneach no tro bheatha a' phlana.

Chan eil e riatanach gun cleachd ughdarrasan poblach an teamplaid seo. Cho fhad 's a thèid fianais a chur a-steach mar a tha air ainmeachadh gu h-àrd, faodar aithisgean a chur a-steach ann an cruth a tha iomchaidh do dh'ùghdarrasan poblach fa-leth.

Ainm na Buidhne:

Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba

Ceann-là na h-aithisg:

06/02/2026

Ùine Aithris (a' gabhail a-steach latha/mìos/bliadhna):

08/11/2024 - 07/11/2025

1. Thoiribh iomradh àrd-ìre air an adhartas a chaidh a dhèanamh le bhith a' cur an gnìomh a' Phlana Ghàidhlig agaibh a' soilleireachadh soirbheachas, dùbhlain agus raointean airson leasachadh.

Am-bliadhna rinn sinn deagh adhartas leis a' phlana Ghàidhlig againn. Tha sinn air cuimseachadh gu sònraichte air obair conaltraidh agus compàirteachaidh. Leudaich sinn ar conaltradh Gàidhlig air an taobh a-staigh, chuir sinn air bhog ar cuairt-litir dà-sheachdaineach, [*An Teachdaire Pàrlamaideach*](#), agus thòisich sinn obair ath-dhealbhadh air na duilleagan-lìn Gàidhlig againn. Tha sinn cuideachd air barrachd obair com-pàirteachaidh a dhèanamh, a' gabhail pàirt nas motha ann an iomairtean agus tachartasan coimhearsnachd na Gàidhlig, a' stèidheachadh agus ag ath-stèidheachadh cheanglaichean leis na coimhearsnachdan Gàidhlig agus oifigearan agus buidhnean leasachaidh Gàidhlig eile.

Bha Bile nan Cànan Albannach na phàirt mhòr de ar n-obair a-rithist am-bliadhna le Ìre 2 a' tachairt san t-Samhain 2024 agus Ìre 3 san Ògmhios 2025. Uile gu lèir, tron obair seo, tha a' Ghàidhlig air fàs nas àbhaistich ann an obair na Pàrlamaid agus tha barrachd mothachaidh ann air seirbheisean Gàidhlig na Pàrlamaid dhan choimhearsnachd Ghàidhlig. Mar a thachair sa bhliadhna aithris roimhe, chaidh ar comas fhèin agus comas ar cunnradairan sàr sheirbheisean a libhrigeadh a leasachadh tron obair againn gus taic a chumail ri sgrùdadh pàrlamaideach. Leis an àrdachadh ann an obair ceangail, pròifil agus taic seirbheis thàinig oirnn na planaichean libhrigidh againn ath-phrìomhachadh – dh'fhàs clàr-ama cuid de na h-amasan nas slaodaiche agus cuid eile nas luaithe.

Chomharraich sinn dà dhùbhlain a dh'fhuiling sinn a dh'fhaodadh cur air buidhnean poblach eile cuideachd – deagh chleachdadh a thaobh susbaint lìn Gàidhlig agus faotainneachd is comas eadar-mhìnearan mar-aon.

2. Thoiribh seachad mion-fhiosrachadh mu ghealltanasan aig a bheil clàr-ama coileanaidh sa bhliadhna aithris seo:

Targaidean airson bliadhna 2: 2024-2025

Amas/Targaid:

Cuir tuilleadh fiosrachaidh ri stiùiridhean a' bhrannnd air cleachdadh na Gàidhlig agus cànanan eile agus thoir a-steach stiùireadh air "co-ionannachd spèis" dhan Ghàidhlig a thaobh faicsinneachd. (1.)

Adhartas:

Bu chòir a thoirt fa-near gu bheil prionnsapal spèis cho-ionainn an sàs mar-thà anns na foillseachaidhean againn agus stuthan eile. Tha earrann ann an Stiùiridhean Brannnd na Pàrlamaid mu chleachdadh chànanan, le fòcas sònraichte air a' Ghàidhlig. Tha fiosrachadh san earrainn seo mu Achd na Gàidhlig (Alba), toirt a-steach prionnsapal Spèis Cho-ionainn airson na Gàidhlig agus na Beurla agus tha e ag ràdh gum bu chòir beachdachadh air cleachdadh na Gàidhlig anns a h-uile goireas. Tha e cuideachd a' toirt seachad beagan comhairle phractaigeach, leithid gu bheil teacsa Gàidhlig mar as trice a' gabhail barrachd àite na an teacsa Beurla co-ionann agus gum feumar beachdachadh air seo ann an dealbhadh stuthan. Tha na h-Oifigearan Gàidhlig ag obair leis a' Mhanaidsear Gèillidh Bathair is Brannnd gus leudachadh air seo san ath dheasachadh de na Stiùiridhean Brannnd a thèid a chrìochnachadh anns an ath ùine aithris. Is e an rùn tuilleadh mìneachaidh a thoirt a-steach air dè tha spèis cho-ionann a' ciallachadh ann an cleachdadh (i.e. gum bu chòir a' Ghàidhlig a bhith de mheud agus follaiseachd co-ionann ris a' Bheurla) a bharrachd air eisimpleirean lèirsinneach de mar as urrainnear a' Ghàidhlig a chur an sàs ann am bathar, ge b' e an ann an tiotalan, ro-ràdh, no eadar-theangachadh slàn.

Amas/Targaid:

Rannsaich ceist mu luchd-labhairt na Gàidhlig (agus cànanan eile) a chur ri foirmean dearcnachaidh iomadachd fastaidh. Adhbhar: dàta a chruinneachadh a dh'fhaicinn a bheil sinn a' tarraing iarrtasan bho luchd-labhairt na Gàidhlig (4).

Adhartas:

Chaidh dàil a chur air an targaid seo agus thathar ga thoirt air adhart chun na h-ath bhliadhna aithris mar phàirt de phrògram obrach nas fharsainghe. Cumaidh sinn fios ri BnG leis an naidheachd as ùire mu adhartas.

Amas/Targaid:

Cruthaich faidhlichean-fuaim air-loidhne de phrìomh abairtean pàrlamaideach Gàidhlig airson an cleachdadh a-staigh agus a-muigh a' gabhail a-steach – soidhnichean a dh'fhaodadh luchd-tadhail fhaicinn, ainmean roinnean/sgìrean-pàrlamaid, ainmean sgioba, ainmean bhuidhnean Gàidhlig is eile.(21)

Adhartas:

Tha na faidhlichean air an clàradh a-nis agus thèid an cur air an làraich-lìn/eadra-lìn agus bidh iad cuideachd ceangailte ri bileag agus foillseachadh lìn ùr *Abair Beagan*. Thèid aire a thogail mu seo a-staigh agus a-muigh. Bidh seo cuideachd ceangailte ris na postairean mothachaidh Gàidhlig againn sa Phàrlamaid.

Amas/Targaid:

Ullaich Ceistean Cumanta mun Ghàidhlig, agus mun Ghàidhlig sa Phàrlamaid airson an cleachdadh a-staigh agus a-muigh. (22)

Adhartas:

Tha seata de Cheistean Cumanta a-nis dèante agus thèid an cur air an làraich-lìn/eadra-lìn agus thèid an ceangal ris a' phostair mothachaidh Gàidhlig againn. Bidh seo a' coimhead air cùisean leithid dè a th' anns a' Ghàidhlig, a dàimh ri cànanan eile, càite bheilear ga bruidhinn, mar a ghabhas a cleachdadh sa Phàrlamaid, mar a dh'ionnsaicheas tu Gàidhlig agus cùisean eile. Tha dreachan ann an Gàidhlig agus Beurla le diofar fhòcas air sgàth an diofar luchd-amais. A bharrachd air sin, tha sinn ag obair air briathrachan Gàidhlig de theirmean pàrlamaideach a tha ag amas air luchd-labhairt fileanta agus luchd-ionnsachaidh.

Amas/Targaid:

Foillsichidh blog SPICe dreachan Gàidhlig de chuid de phuist, a' toirt prìomhachas do chùisean anns a bheil an ùidh as motha aig a' phoball san fharsaingeachd agus feadhainn 's a bheil ùidh shònraichte aig luchd-labhairt na Gàidhlig (23). Cleachdaidh sinn an stiùireadh againn mu prìomhachas air eadar-theangachadh Gàidhlig (amas 20) gus cuideachadh le seo.

Adhartas:

Tha sinn air seo a chur an gnìomh ron targaid agus tha sinn air 5 puist a phostadh gu ruige seo. Tha sinn a' leantainn air adhart ag obair le SPICe gus taghadh dè na puist as fheàrr airson eadar-theangachadh.

Amas/Targaid:

Brosnaich mothachadh air an taobh a-staigh mun Ghàidhlig ann an dòighean leithid: Stàilichean Mothachaidh Gàidhlig/pop-ups is seiseanan Gàidhlig/susbaint Ghàidhlig sa chuairt-litir do luchd-amais air an taobh a-staigh (28)

Adhartas:

'S e seo targaid airson na bliadhna aithris a tha romhainn ach tha sinn air deagh adhartas a dhèanamh ann an cur an gnìomh tràth agus rè na h-ùine seo bha stàile againn a' cuimseachadh air a' Ghàidhlig/cànanan aig Latha an Luchd-obrach againn, stàile ann an lobaidh nam BPA le fiosrachadh mu sheirbheisean cànan, agus seisean buaile-a-steach Gàidhlig. Tha an taghadh sa Chèitean 2026 na dheagh chothrom gus mothachadh a thogail.

Amas/Targaid:

A thuilleadh air an uiread Gàidhlig a chur am meud air an eadra-lìon a rèir ghealltanasan eile, cruthaichidh sinn làthaireachd Ghàidhlig air eadra-lìon ùr Pàrlamaid na h-Alba gus mothachadh a thogail air an taobh a-staigh mun Ghàidhlig agus mun phlana Ghàidhlig. (29)

Adhartas:

Tha sinn air earrann ghoireasan Gàidhlig a chruthachadh air an eadra-lìn anns a bheil ceanglaichean gu faclair, liostaichean briathrachais, goireasan ainmean-àite agus eile. Fhuair seo 133 sealladh anns an ùine seo. Tha duilleag seirbheisean cànan againn cuideachd le fiosrachadh mu mar a gheibhear cothrom air seirbheisean Gàidhlig agus seirbheisean cànan eile airson an cleachdadh ann an conaltradh agus ann an gnothach pàrlamaideach a fhuair còrr is 1,000 sealladh gu ruige seo.

Amas/Targaid:

Rannsaich an gabh susbaint Ghàidhlig na h-Aithisg Oifigeil a thasgadh ann an tasglannan Gàidhlig iomchaidh. (32)

Adhartas:

Tha DASG (Tasglann Didseatach na Gàidhlig) air aontachadh ann am prionnsapal susbaint Ghàidhlig a thasgadh bhon Aithisg Oifigeil agus tha sinn a-nis a' beachdachadh air an dòigh as fheàrr air seo a dhèanamh.

Amas/Targaid:

Cleachdadh an stiùiridh aontaichte fo cheann-uidhe 20 gus sgrìobhainn stiùiridh ullachadh do Chomataidhean is Buill a thaobh cuin a dh'fhaodadh iad beachdachadh air eadar-theangachadh Gàidhlig fhaighinn air Aithisgean Comataidh (gu h-iomlan no ann am pàirt) no stuthan Gàidhlig eile. (36)

(Airson co-theacsa, is e amas 20 sa phlana: Cruthachaidh sinn stiùireadh air dè na h-iarntasan eadar-theangachaidh a bu chòir prìomhachas fhaighinn gus co-dhùnadh dè na stuthan a bhios sinn ag eadar-theangachadh (mura bi sinn gan eadar-theangachadh co-dhiù).

Adhartas:

Chaidh dreachd stiùiridh ullachadh airson a chur ann am Poileasaidh Cànan Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba. Ged nach eil am Poileasaidh deiseil fhathast, tha sinn a' cleachdadh dreachd an stiùiridh air stèidh eadar-amail (m.e. tha e air cuideachadh le bhith a' fiosrachadh co-dhùnadh air dè na brathan rannsachaidh SPICe a thèid eadar-theangachadh). Is iad na prìomh nithean san stiùireadh: an ìre iarntais a dh'fhaodadh a bhith ann, mar a dh'fhaodte an cleachdadh ann an sgoiltean no foghlam, eisimpleirean roimhe air eadar-theangachadh stuthan ionann, agus a bheil ùidh mhòr nàiseanta annta no ùidh shònraichte do luchd-labhairt/coimhearsnachdan na Gàidhlig no a bheil iad a' cur ris a' chorpas. Tha sinn cuideachd air cur ris an Leabhar-làimhe Clàrcaidh ùraichte air a' chùis seo.

Amas/Targaid:

Cruthaich stiùireadh stoidhle do Bhuill a thaobh eadar-theangachadh Gàidhlig airson an ceistean agus gluasadan (38)

Adhartas:

Tha na h-eadar-theangachaidhean seo a-nis dèante agus air an eadra-lìn.

3. Thoiribh seachad fios mu adhartas air na gealltanasan le clàr-ama leantainneach no tro bheatha a' phlana.

Leis gu bheil mòran ghealltanasan leantainneach air feadh a' phlana seo agus 36 gealltanas ùra sa phlana uile gu lèir, an àite a bhith a' toirt beachd air gach gealltanas fa leth, tha sinn ag aithris orra gu h-ìosal fo na seachd prìomh cinn sa phlana, ag aithris air adhartas no dùbhlain cudromach. Chaidh a h-uile gealltanas leantainneach a chur an gnìomh gu h-iomlan mura h-eilear ag ràdh a chaochladh. Bhiomaid toilichte barrachd fiosrachaidh a thoirt do Bhòrd na Gàidhlig ro no às dèidh dhan aithisg seo a bhith air a h-ath-sgrùdadh gu foirmeil.

Adhartas le Targaidean Leantainneach – Bliadhna 2: 2024-2025

Amas/Targaid: **Faicsinneachd**

Adhartas: Mar bu chòir

Suaicheantasan: Chaidh diofar shuaicheantasan agus grafaigean dà-chànanach a chruthachadh rè na h-ùine aithris, a' gabhail a-steach grafaigean airson diofar sgiobaidhean. Faic gu h-ìosal airson eisimpleirean.

Soidhnichean: A rèir ar plana Gàidhlig, tha na soidhnichean ann an àiteachan poblach dà-chànanach le spèis cho-ionann aig na cànanan. Tha seo a' gabhail a-steach soidhnichean sealach. Am measg nan soidhnichean ùra a chaidh a thoirt a-steach san ùine aithris seo tha soidhnichean uairean-fosglaidh na bùtha agus soidhnichean airson bionaichean lainneardan. Mar a chaidh aithris san aithisg roimhe againn, chaidh postairean mothachaidh dà-chànanach airson na Gàidhlig a chur an-àirde ann an àiteachan poblach le cuid de cheistean cumanta mu dheidhinn na Gàidhlig agus le ceanglaichean còd QR gu fiosrachadh mu dheidhinn na Gàidhlig. Chì a h-uile neach-tadhail ann am Pàrlamaid na h-Alba soidhnichean Gàidhlig, agus tha seo a' ciallachadh còrr is 170,000 neach eadar toiseach na Samhna 2024 agus deireadh na Dàmhair 2025. A bharrachd air sin, tha na tiotalan obair-ealain againn dà-chànanach agus am measg thiotalan ùra am-bliadhna tha fear air dealbh an Rìgh, agus tiotalan ùraichte air Urraman na h-Alba agus air dealbh na Banrigh nach maireann agus ìomhaigh-bràghad den cheannard aonaidh-ciùird Mick McGahey air a bheil còd QR cuideachd gu faidhle fuaim den teacsa Ghàidhlig. Bha a' Ghàidhlig ann an soidhnichean airson an taisbeanadh aodaich agus taisbeanadh Miralles rè na h-ùine seo.



Amas/Targaid: **Luchd-obrach:**

Adhartas: Mar bu chòir

Trèanadh: Rinn dithis de luchd-obrach SPCB Cùrsa Inntrigidh SMO anns an ùine seo. Chaidh fiosrachadh a sgaoileadh gu cunbhalach mu chothroman ionnsachaidh agus mothachadh Gàidhlig do luchd-obrach Pàrlamaid na h-Alba, do BhPAan agus an luchd-obrach.

Tha sinn air tòiseachadh a' tabhann sheiseanan air an dealbhadh a dh'aon-ghnothach do sgiobaidhean, agus air mothachadh Gàidhlig a lìbhrigeadh do dh'Oifis Conaltraidh na Pàrlamaid, Seirbheisean Luchd-tadhail agus do sgiobaidhean Clàrcaidh rè na h-ùine seo. B' e làn sheiseanan a bh' anns a' chiad dà sheisean agus seisean goirid anns an treas fear. Bha còrr is 50 neach uile gu lèir a' gabhail pàirt anns na seiseanan seo.

Tha sinn a' leantainn oirnn a' cur air adhart ar goireas air Gàidhlig phàrlamaideach shìmplidh Abair Beagan, do luchd-obrach agus do Bhuill na Pàrlamaid (bidh e ri fhaighinn gu poblach cuideachd) agus tha sinn a-nis aig ìre adhartach de dhreach ùraichte a tha sinn an dùil a chur air bhog còmhla ris an làraich-lìn ùraichte againn (faic gu h-ìosal airson fiosrachadh mun làraich-lìn). Faic gu h-ìosal airson eisimpleir den obair-ealain airson an Abair Beagan ùr.

Rinn sinn suirbhidh luchd-obrach Gàidhlig dìreach ron ùine aithris seo agus cuiridh sinn aithris fa leth gu BnG air seo. Tha sinn a-nis a' beachdachadh air na roghainnean as fheàrr airson solar do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus chùim sinn seisean buail a-steach cuideachd gus beachdan fhaighinn bho luchd-ionnsachaidh.



Conaltradh A-staigh:

Chuir sinn sia puist co-cheangailte ri Gàidhlig air an eadra-lìn againn. Dhiubh sin, b' e puist mothachadh Gàidhlig a bh' ann an 5 agus b' e stiùireadh air mar a chleachdar Google Translate a bh' ann an aon. Uile gu lèir, chaidh coimhead orra 637 uair agus bha fèill shònraichte air a' phost againn mu ainmean-àite Gàidhlig agus a' Phàrlamaid anns an robh agallamh le Ainmean-àite na h-Alba.

Amas/Targaid: **Obair làitheil**

Adhartas: Mar bu chòir

Conaltradh: Chùm sinn oirnn a' brosnachadh agus a' cur fàilte air conaltradh Gàidhlig agus foirmean a tha gan lìonadh sa Ghàidhlig no gu dà-chànanach, a' gabhail a-steach fianais comataidh agus athchuingean, agus a' cur air adhart an àireamh fòn Ghàidhlig againn. Fhuair sinn raon de chonaltradh sa Ghàidhlig rè na h-ùine seo, gu sònraichte a thaobh Bile nan Cànan Albannach.

A thaobh ar gealltanais a bhith a' dearcnachadh air conaltradh dà-chànanach, is urrainn dhuinn seo a dhèanamh tro CitizenSpace airson fianais comataidh agus faodaidh sinn cuideachd cuimhneachadh a chur gu cunbhalach do sgiobaidhean a gheibh conaltradh.

Foghlam: Anns a' phlana againn, gheall sinn rannsachadh mar a b' urrainn dhuinn na seirbheisean foghlaim againn a libhrigeadh airson FtG agus FLI san àm ri teachd leis nach b' urrainn dhuinn tagraichean a lorg airson dreuchd an oifigear ruigsinneachd foghlaim le Gàidhlig. Choimisean sinn rannsachadh tro Shabhal Mòr Ostaig, a' gabhail a-steach co-chomhairle leis a' choimhearsnachd foghlaim Ghàidhlig, a rinn aithris rè na h-ùine seo. Tha sinn an-dràsta a' beachdachadh air mar a thèid sinn air adhart le molaidhean na suirbhidh agus nì sinn conaltradh le Bhòrd na Gàidhlig agus Foghlam Alba anns a' bhliadhna a tha romhainn.

Bha 4 seiseanan foghlaim againn anns an robh eileamaid Ghàidhlig anns an ùine aithris.

Gabhail pàirt sa choimhearsnachd Ghàidhlig:

Anns an ùine seo, mheudaich sinn ar n-obair coimhearsnachd.

Bha seo a' toirt a-steach pàirt a ghabhail ann an coinneamhan BOAG (Buidheann planadh corpais na Gàidhlig) agus Ainmean-àite na h-Alba air corpas agus cuideachd ann am Buidheann Oifigearan Coimhearsnachd na Gàidhlig ris an tug sinn taisbeanadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla mu obair Pàrlamaid na h-Alba san Dàmhair. Tha sinn cuideachd air a bhith a' cur barrachd ri Capital Gaelic, a' gabhail a-steach a bhith air ar gabhail a-steach air a' mhapa air-loidhne aca de Ghàidhlig ann an Dùn Èideann agus chuir

sinn air dòigh seisean eòlas-obrach leth-latha tron bhuidhinn do thrìùir dhaoine òga le Gàidhlig bho Àrd-sgoil Sheumais Ghilleasbaig.

Rè na h-ùine seo, rinn sinn conaltradh ri Cultarlann Inbhir Nis agus An Taigh Cèilidh, Ionad Gàidhlig Dhùn Èideann agus leis a' bhuidhinn ùir Ghàidhlig ann an Cataibh. Tha sinn a' meas pròiseactan ionadan Gàidhlig ann an Inbhir Nis, Steòrnabhagh, Dùn Èideann agus Glaschu mar phrìomh luchd-ùidh.

Fhrithheil sinn coinneamhan aig:

Happy to Translate;

Co-labhairt Ceangal / Connect mu dheidhinn na Gàidhlig agus na Gaeilge ann an Oilthigh Obar Dheathain san Iuchar 2025; agus

Co-labhairt Oor Vyce san t-Samhain 2025. B' e deagh chothroman a bha seo airson cleachdadh math a cho-roinn agus ionnsachadh bho bhuidhnean cànan eile.

Ghabh sinn pàirt ann am bùth-obrach Cunntais-sluaigh air-loidhne Shabhal Mòr Ostaig san Dùbhlachd 2025 agus chaidh sinn gu cur air bhog app Gàidhlig Oilthigh Ghlaschu sa Chèitean.

Ghabh sinn pàirt ann an tachartasan dhreuchdan ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu sa Mhàrt agus san t-Samhain 2025 agus aig Bun-sgoil Craigton, Glaschu – bun-sgoil tro mheadhan na Beurla ann an Glaschu far an do chuir sinn air adhart dreuchdan Pàrlamaid na h-Alba agus dreuchdan Gàidhlig.

Anns an Fhaoilleach 2025, chuir sinn fàilte air buidheann de dh'oileanaich Ghàidhlig is Ghaeilge a bha an sàs ann an turas iomlaid chun na Pàrlamaid airson seisean agus turas Gàidhlig. Bha timcheall air deichnear sa bhuidhinn seo.

Anns an Dàmhair 2025, libhrig sinn seisean air-loidhne le oileanaich Shabhal Mòr Ostaig a bha ag ionnsachadh dealbhadh cànan. Bha còignear sa bhuidhinn seo.

Anns a' Phàrlamaid fhèin, ghabh sinn pàirt ann an Co-labhairt na Coimhearsnachd san Iuchar 2025, le bhith nar luchd-taisbeanaidh anns a' bhùth-obrach Ruigsinneachd a bha cuideachd a' toirt a-steach fiosrachadh feumail a thaobh BSL agus cànanan eile. Bha 20 neach sa bhuidhinn.

Amas/Targaid: **Conaltradh**

Cuairt-litir Chuir sinn air bhog ar cuairt-litir Ghàidhlig, *an Teachdaire Gàidhlig*, san Fhaoilleach 2025. Tha còrr is 500 neach-clàraidh againn a-nis. Tha seo ann gus an naidheachd is fiosrachadh uile mu Phàrlamaid na h-Alba a thoirt seachad sa Ghàidhlig, a' gabhail a-steach gnothach pàrlamaideach, co-chomhairlean, cothroman com-pàirteachaidh is tadhail, cothroman obrach agus eile. Tha a' chuairt-litir sa Ghàidhlig ach tha ro-ràdh dà-chànanach innte agus earrann mothachaidh Ghàidhlig le blas pàrlamaideach sa Bheurla gus dèanamh cinnteach gu bheil e freagarrach do luchd-ionnsachaidh agus do dhaoine a tha airson beagan fhaighinn a-mach mun Ghàidhlig. Tha sinn glè thoilichte leis an fhèill a th' air a' chuairt-litir agus leis an ìre fhìor mhath de dh'aire a tha i a' faighinn bho fhileantaich, agus tha sinn a-nis ag obair gus am bi barrachd dhaoine ga gabhail ann an coimhearsnachd foghlaim na Gàidhlig agus am measg luchd-ionnsachaidh.

Fiosan-naidheachd Chaidh 11 fiosan-naidheachd fhoillseachadh sa Ghàidhlig, agus is e seo an aon àireamh ris a' bhliadhna an-uiridh. Tha sinn air gluasad air falbh bho bhith a' foillseachadh a h-uile fios-naidheachd agus a-nis tha sinn a' prìomhachasadh de an fheadhainn a nì sinn agus a' cur fòcas air naidheachdan a chur nar cuairt-litir a ruigeas barrachd luchd-amais. Thug sinn prìomhachas do dh'fhiosan-naidheachd a bha cudromach gu nàiseanta leithid Bile Taic gus Bàsachadh do dh'Inbich le Tinneas-bàis (Alba) agus feadhainn a dh'fhaodadh a bhith gu sònraichte inntinneach do dhaoine anns a' choimhearsnachd Ghàidhlig air cuspairean leithid croitearachd, bàtaichean-aisig agus eile.

Foillseachaidhean: Chaidh grunn fhoillseachaidhean a thoirt a-mach le tiotal, geàrr-chunntas no ro-ràdh Gàidhlig, nam measg an aithisg *Pàrlamaidean a tha Mothachail air Gnè: Stiùireadh Practaigeach*, *A' toirt a-steach an UNCRC ann an obair Pàrlamaid na h-Alba*, prògram na Fèis Phoilitigs, Aithisg Solarachaidh Bhliadhnail, Aithisg Seasmhachd Bhliadhnail, Leabhran Seirbheis Laoidhean Nollaige, Aithisg Bhliadhnail a' Chlàr Choiteachaidh, Plana Siubhal Seasmhach, duilleag-stiùiridh air Còd-giùlain anns an t-Seòmar, Stiùireadh air Fo-reachdas agus an Stiùireadh airson bhall ùra. Chaidh bileag nan gearanan sa Ghàidhlig ùrachadh. Cha do rinn sinn fhoillseachaidhean fiosrachaidh ùra Gàidhlig no làn dà-chànanach sam bith sa bhliadhna aithris seo air sgàth cho fada air adhart 's a bha sinn sa chuairt taghaidh, àm nuair nach tèid mòran fhoillseachaidhean ùra a dhèanamh, ach atharraichidh seo anns a' bhliadhna aithris a tha romhainn air sgàth an taghaidh.

Tha raon farsaing de ghoireasan foghlaim rim faighinn sa Ghàidhlig, a' gabhail a-steach comaigean, geamannan, postairean agus pasgain foghlaim. Am measg na th' againn, tha 10 goireasan a rinneadh ann an compàirteachas le Twinkl, 5 ceisteachan Kahoot agus 25 goireas eile air TES. Anns an ùine seo, rinneadh dà phostair Gàidhlig ùr mu obair nam BPA agus mun Phàrlamaid agus an

Riaghaltas mar thaic dhan chuspair sgoile Nuadh-eòlas Nàiseanta 5 agus chaidh iad sin a chur gu na sgoiltean Gàidhlig uile. Chan eil staitistig againn airson ar goireasan Twinkl an-dràsta ach nì sinn aithris air seo san àm ri teachd. Airson goireasan a tha air an cumail air TES agus air làrach-lìn Pàrlamaid na h-Alba, chaidh goireasan Gàidhlig a luchdachadh a-nuas 309 turas, agus pasganan anns a bheil dreachan Gàidhlig agus Beurla de ghoireasan a luchdachadh a-nuas còrr is 27,000 thar beatha nan goireasan.

Eadar-theangachaidhean brìgh: chaidh geàrr-chunntas eadar-theangachaidhean ag innse brìgh susbaint bho na meadhanan Gàidhlig a thoirt do Chomataidhean agus Oifis Conaltraidh na Pàrlamaid air grunn thursan a' gabhail a-steach mu Bhile nan Cànan Albannach, ath-leasachadh fearainn, aiseagan agus croitearachd.

Làrach-lìn: Tha sinn an-dràsta ag ath-dhealbhadh earrann na Gàidhlig den làraich-lìn agus ag ullachadh stuth airson seo a' gabhail a-steach Ceistean Cumanta Gàidhlig, briathrachas Gàidhlig de theirmean pàrlamaideach agus goireas ùr Abair Beagan. Shaoil sinn gun robh susbaint na Gàidhlig a bh' ann roimhe air an lìon feumach air ùrachadh agus ath-dhealbhadh agus mar sin tha sinn ag obair còmhla ri Oifis Conaltraidh na Pàrlamaid gus dòigh-obrach shònraichte a dhealbhadh airson na Gàidhlig. Is e hub Gàidhlig am modail as fheàrr leinn, leithid [Hub Gàidhlig SNH](#) anns a bheil goireasan Gàidhlig agus fiosrachadh sa Ghàidhlig ach nach eil a' leantainn structar na làraich-lìn. 'S e dùbhlán a th' ann an susbaint lìn na Gàidhlig leis nach eil e comasach làraichean-lìn mòra a bhith gu tur dà-chànanach air sgàth iarrtais agus cosgais ach, aig an aon àm, chan eil beagan dhuilleagan-lìn mun chànan fhèin gu leòr. Dh'fhaodadh deasbad agus stiùireadh air deagh chleachdadh a thaobh na Gàidhlig air an eadar-lìon, meadhanan sòisealta, aplacaidean agus ùrlaran co-chomhairle a bhith glè fheumail aig ìre nàiseanta gus buidhnean poblach a chuideachadh leis na làraichean-lìn aca.

Meadhanan sòisealta: Anns an ùine seo chuir sinn a-mach 170 post mheadhanan sòisealta sa Ghàidhlig, gu h-àraidh air Twitter/X Bha iad sin sa mhòr-chuid air a' chunntas @ParlAlba againn ach bha cunntasan pàrlamaideach eile ann cuideachd. Aig deireadh na h-ùine, bha 3,379 neach-leantainn againn airson @ParlAlba agus fhuair tweets air an t-seanail seo 26,943 sealladh agus 941 roinneadh. Leis gu bheil com-pàirteachadh air Twitter air a dhol sìos uile gu lèir, tha àireamhan luchd-leantainn, ruigsinneachd agus seallaidhean uile air crìonadh. 'S e ar cuairt-litir seach Twitter a-nis ar prìomh dhòigh air a' choimhearsnachd Ghàidhlig a ruighinn agus tha sinn ann an còmhraidhean le sgioba Eadar-lìon agus Meadhanan Sòisealta na buidhne mu dè na h-ùrlaran mheadhanan sòisealta a chleachdas sinn san àm ri teachd.

A thuilleadh air susbaint sa Ghàidhlig, chuir sinn susbaint mothachaidh Ghàidhlig air an [Instagram](#) chorporra againn cuideachd (a fhuair 4,778 sealladh, 78 like agus 8 sàbhaladh) agus chuir sinn a' chiad phost againn a-riamh co-cheangailte ri Gàidhlig air an [Linkedin](#) chorporra againn (90 like, 16 ath-phostadh, 3 beachdan) gus ceangal a dhèanamh ri Latha Chànanan na h-Eòrpa. Bha sgeulachd Instagram againn cuideachd gus ar cuairt-litir Ghàidhlig a chur air adhart a fhuair 906 sealladh agus 18 eadar-obrachadh. Bha fàilte Ghàidhlig anns a' bhidio Nollaige againn bho na h-Oifigearan Riaghlaidh.

The Scottish Parliament
34,694 followers
3mo • 6

5 things you might not know about Gaelic for European Day of Languages!

- 1 There are over 6,000 languages spoken worldwide - and more than 200 indigenous languages in Europe alone.
- 2 The most common European language groups are Germanic, Romance and Slavic.

Gaelic belongs to the Celtic family language, alongside its siblings Irish and Manx, and cousins Welsh, Cornish and Breton.

- 3 This year's theme is "Languages open hearts and minds":
 - Heart ("cridhe" in Gaelic) appears in the placename "Lurg Bhriste-Chridhe", in Ardnamurchan, meaning "broken heart ridge"
 - Head, or "ceann", anglicised as "kin", appears in Kinross, Kincardine and Kinlochleven
- 4 Gaelic is one of Scotland's four autochthonous languages, alongside British Sign Language, English, and Scots.
- 5 According to the 2022 Census, over 130,000 people in Scotland have Gaelic language skills, including 70,000 speakers, a significant increase since the previous census.

Want to learn more? Sign up to our Gaelic newsletter: <https://ow.ly/BEzU50X26We>

#EuropeanDayOfLanguages #Gaelic #Gàidhlig #LanguageDiversity #ScottishCulture #LinkedInLearning



Thall is a-bhos / Out and about



Dealbh/Photo: Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu

European Day of Languages

Five things you might not know about Gaelic

Tha sgioba na Gàidhlig air a bhith a-mach sa choimhearsnachd gu tric bho chionn ghoirid. Bho chaidh an litir-naidheachd mu dheireadh fhollseachadh, tha sinn air tadhal air latha dhreuchdan ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu (faic an dealbh gu h-àrd) agus tha sinn cuideachd air bruidhinn ri Buidheann nan Oifigearan Gàidhlig, buidheann nàiseanta dhaibhsan a tha ag obair ann an leasachadh na Gàidhlig gus deagh chleachdadh a dheasbad agus naidheachdan a cho-roinn. Tha sinn cuideachd air pàirt a ghabhail ann an seisean le oileanaich Sabhal Mòr Ostaig a tha ag ionnsachadh mu phlanadh cànan. Chaidh sinn cuideachd dhan Our Vyce Gaitherin mu dheidhinn na Scots an-diugh gus faicinn an toir e ideathan math dhuinn airson leasachadh na Gàidhlig agus gus coimeas a dhèanamh eadar na tha a' dol ann an saoghal na Gàidhlig agus saoghal na Scots.

Amas/Targaid: **Corpas**

Adhartas: Mar bu chòir

Lean sinn oirnn a' gabhail làn chom-pàirt ann an Ainmean-àite na h-Alba agus buidheann dealbhaidh corpais BOAG.

Tha sinn air a bhith ag obair còmhla ri Ainmean-àite na h-Alba gus cruthan Gàidhlig aontachadh airson nan roinnean agus nan sgìrean-pàrlamaid ùra airson taghaidhean 2026.

Bidh an co-dhùnadh sa bhliadhna aithris seo gum bi BOAG a' còmhach briathrachas cho math ri gràmar glè fheumail dhuinn agus tha sinn a' coimhead air adhart ri bhith ag obair còmhla ri BOAG agus buidhnean eile air seo.

Tha sinn a' leantainn air adhart a' conaltradh gu dlùth ris na cunnradair eadar-theangachaidh againn gus dèanamh cinnteach à cunbhalachd agus càileachd an eadar-theangachaidh.

Amas/Targaid: **Àbhaisteachadh**

Adhartas: Mar bu chòir

Bidh sinn a' dèanamh aithisg gèillidh dà uair sa bhliadhna agus ag ath-sgrùdadh adhartas a' phlana gach sia mìosan gus planaichean obrach a dhealbhadh.

Sgrìobh Ceannard Oifis nan Seirbheisean Compàirteachadh Poblach gu ceannardan oifise uile san Lùnastal gus cuimhneachadh dhaibh gealltanasan a' Phlana Ghàidhlig a thaobh planaichean oifis agus gum bi Oifigear Gàidhlig aig coinneamh gach sgioba a bhruidhinn mun Ghàidhlig agus airson soidhnigeadh dà-chànanach a bhrosnachadh air puist-d. Am measg nan sgiobaidhean a chlàraich airson soidhnigeadh dà-chànanach bha Fòram Alba air Thoiseach agus Ionmhas. B' e aon choinneamh sgioba air leth sònraichte a chaidh a chur air dòigh coinneamh Stiùirichean Sgioba Clàrcaidh ris an do bhruidhinn sinn san t-Sultain, nuair a chuir sinn cuideam air prìomh phuingean a' Phlana Ghàidhlig (m.e. innse do luchd-fianais ro-làimh gum faod iad a' Ghàidhlig a chleachdadh [a rèir aonta an neach-gairm], cùisean cudromach nuair a thathar a' smaoinreachadh air dè na ceistean air am bu

chòir beachdachadh airson Gàidhlig a chleachdadh a' gabhail a-steach gairmean fianais, cuairt-litrichean, aithisgean, obair com-pàirteachaidh.)

Tha fiosrachadh mu chleachdadh na Gàidhlig, BSL agus cànanan eile a-nis a' nochdadh anns an stiùireadh airson Bhall ùra a thèid a sgaoileadh às dèidh an taghaidh. Cuiridh sinn taic ri seiseanan is gnìomhan inntigridh nam BPA cuideachd nuair a thachras iad ann an 2026.

Chaidh cleachdadh na Gàidhlig a chur ris an stiùireadh mu Bhàs Buill agus chaidh Gàidhlig a chleachdadh air leabhraichean co-fhaireachdainn Chairistiona NicShealbhaich BPA agus airson an t-seann Oifigear Riaghlaidh Sir Seòras Reid.

Amas/Targaid: **Gnothaichean Pàrlamaideach**

Adhartas: Air an targaid

Chleachd sinn Bile nan Cànan Albannach mar chothrom gus cur an cuimhne luchd-obrach comataidh agus Buill mu chothroman a' Ghàidhlig a chleachdadh ann an gnothach comataidh agus seòmair. Chaidh innse do luchd-fianais gum faodadh iad a' Ghàidhlig a chleachdadh a' toirt fianais do chomataidhean (le aonta an neach-gairm).

Roghnaich 2 BPAan Gàidhlig a chleachdadh aon uair ann an gnothach Pàrlamaideach anns an t-Seòmair airson Ìre 3 de Bhile nan Cànan Albannach, far an do chleachd dithis i. Tha seo sìos bho 2 BPA ga cleachdadh 5 tursan anns an ùine aithris roimhe a bha a' gabhail a-steach Ìre 1 de Bhile nan Cànan Albannach. Tha barrachd òraidean aig Ìre 1 na tha ann an deasbaid Ìre 3 agus mar sin bhiodh dùil ri seo.

Chaidh geàrr-chunntasan agus stuthan deasbaid SPICe airson a' Bhile a dhèanamh sa Ghàidhlig agus dh'innis na h-Oifigearan Gàidhlig mu adhartas leis a' bhile tro na meadhanan sòisealta agus a' chuairt-litir.

Rinneadh tòrr beachdachaidh mu eadar-mhìneachadh mar-aon rè na h-ùine seo air sgàth cleachdadh na Gàidhlig sa Bhile gus dèanamh cinnteach gu bheil càileachd cho àrd 's a ghabhas, ag obair gu dlùth le eadar-mhìnearan, agus tha an Aithisg Oifigeil a-nis air modh-obrach a gabhail os làimh airson dearmad no mearachd sam bith a cheartachadh. Tha dìth eadar-mhìnearan Gàidhlig agus dìth trèanaidh do dh'eadar-mhìnearan fhathast na dhuilgheadas agus tha sinn a' dèanamh nas urrainn dhuinn taobh a-staigh ar raon-ùghdarrais gus dèiligeadh ris le bhith a' tabhann trèanadh, eòlas obrach, stiùireadh agus taic dha na h-eadar-mhìnearan a tha ag obair ann an Alba an-dràsta. Tha a' Phàrlamaid fhathast dealasach a thaobh a bhith ag obair ann an

compàirteachas le BnG agus eile gus taic a thoirt do sholar agus leasachadh leantainneach eadar-mhìnearan a tha ag obair sa Ghàidhlig.

Chaidh còig gluasad a chur a-steach gu dà-chànanach sa Bheurla agus sa Ghàidhlig le trì Buill eadar-dhealaichte. Tha seo an coimeas ri trì gluasadan a chaidh a chur a-steach gu dà-chànanach anns an ùine aithris roimhe. Nuair a chuireas Ball ceist a-steach co-cheangailte ri Gàidhlig sa Bheurla, cuiridh sinn fios thuca a chuimhneachadh dhaibh gum faodar gluasadan a chur a-steach gu dà-chànanach agus gus comhairle a thabhann air mar a chuireas iad eadar-theangachadh air dòigh.

Thug sinn a-mach dà Ghairm Bheachdan sgrìobhte sa Ghàidhlig anns an ùine seo – Bile na Croitearachd agus Cùirt an Fhearainn agus Sligheachan is Taic ADHD agus ASD. Cha d' fhuair eadhon freagairtean sam bith sa Ghàidhlig an turas seo. Tha sinn a' cumail oirnn a' sanasachd gach Gairm Bheachdan sa Ghàidhlig agus ag innse gu bheil sinn a' cur fàilte air beachdan sa Ghàidhlig. Tha sinn an-còmhnaidh dealasach a thaobh beachdan a chur a-steach sa Ghàidhlig a dhèanamh àbhaisteach le bhith a' cur air adhart Gairmean Bheachdan a tha sa Ghàidhlig.

Fiosrachadh mu ghnòthach pàrlamaideach air fhoillseachadh anns a' chuairt-litir, a' gabhail a-steach a h-uile gnòthach a tha ri thighinn agus iomradh air a' Ghàidhlig sa Phàrlamaid.

4. Fiosrachadh iomchaidh sam bith eile.

Tha sinn air [deamo den turas bhiortail](#) againn fhoillseachadh a tha ri fhaighinn ann am Beurla, Gàidhlig agus BSL. Tha obair a leantainn air agus tha sinn a' sireadh beachdan air.